

Comataidh Lèirsinn

7/11/23 1000-1200

Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Marion Nic na Ceàrdaich (sa Chathair) Rhoda NicDhòmhnail
Màiri Kidd

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)

Maireadh Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)

Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

Rowan NicPhàdraig [RN] (Oifigear Conaltraidh) – puingean 1-4

Scott Mac a' Ghobhainn [SS] (Ceannard Ùr-ghnàthachais agus Anailiseachd) – puing 7-deireadh)

Donaidh Dòmhnallach [DMD] (Ceannard Gnìomhachas) – puing 8

Lisa Annette [LA] (Ceannard Cruth-atharrachadh Didseatach) – puing 9

Chaidh fàilte a chur air Rowan NicPhàdraig chun chiad choinneamh aice.

1. Leisgeulan

1.1 Iain Moireasdan.

2. Gnothaichean dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (12/9/23) & GAE

3.1 Geàrr-chunntas: molaichte le Rhoda NicDhòmhnail agus daingnichte le Màiri Kidd.

3.2 GAE – comharraichte.

4. Meatraigs Luchd-ùidhe

4.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh beachdan bhall a thaobh conaltradh agus dàimhean leis an luchd-ùidhe agus chaidh deasbad a chumail.

- 4.2 Bha aithne ann gu bheil Ùghdarrasan Ionadail a-nis nas cudromaiche mar luchd-ùidhe ri linn Bile nan Cànan Albannach, le 's dòcha comhairlean cumhachd fhaighinn gus raointean ainmeachadh far am faigheadh a' Ghàidhlig taic shònraichte.
- 4.3 Chaidh aithisg EY a cho-roinn air sgrion le aithne gum bi tionndadh às ùr air beulaibh bhall air 9/11/23.
- 4.1 **Co-dhùnadh:** thèid mapping no dreach air choreigin a chur ris a' mheatraigs far a bheil an àite aig diofar luchd-uidh ann an craoladh Gàidhlig soilleir, le fios mu na ceanglaichean a th' againn leotha a dh'fhaodadh fuasgladh a thoirt air amasan na buidhne, a' sealltainn taobhachas ro-innleachdail, le co-theacsa air dè thachair san ùine a chaidh seachad, le adhartas ga shealltainn gach cairteal.
- 4.2 **Gnìomh:** ni RN obair air an seo airson na h-ath choinneimh. **(RN)**

5. Planadh Leantainneachd - buill

- 5.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh beachd is comhairle gus an tèid buill le sgilean feumail fhastadh agus chaidh deasbad a chumail.
- 5.2 Tha Ofcom an impis cuairt fastaidh a chumail airson 3 no 4 bhall, le sùil gu faodadh e bhith feumail coimhead airson barrachd na tha a dhìth, air eagal 's gum biodh feum orra.
- 5.3 Bha Meatraigs Sgilean a' Bhùird air beulaibh bhall, às aonais na sgilean acasan a bhios gu cinnteach a' fàgail, gus cuideachadh a thoirt dhuibh ann a bhith a' measadh feumalachdan.
- 5.4 Bha cuideachd Tuairisgeul Dhaonna a dh'ullaich Ofcom (le beachdan bho MG ALBA) air beulaibh bhall son beachd.
- 5.5 **Co-dhùnadh:** 1) iarraidh a' Chomataidh air Ofcom ath-choimhead a dhèanamh air tuarastal nam ball gus ballrachd a bhrosnachadh; 2) aonta ann aig a' char as isle gu feum tuigse air Gàidhlig a bhith aig gach bhall; 3) le buill Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh an impis atharrachadh, feumaidh am Bòrd slàn coimhead ri na feumalachdan seo, le call buill le eòlas air ionmhas agus sgrùdadh na uireasbhaidh agus na riosg air am feum am Bòrd beachdachadh; 4) aithne ann gu bheileas cuideachd a' call buill le eòlas air cùisean leithid gnothaichean didseatach, EDI agus cuideachd gnothaichean nas fharsaing a thaobh cultar; 5) dh'aontaich buill na Comataidh ris an atharrachadh san Tuairisgeul Dhaonna aig Ofcom
- 5.6 **Gnìomh:** thèid còmhraidhean a chumail le Ofcom stèidhichte air na co-dhùnaidhean gu h-àrd. **(DC).**

6. Planadh Leantainneachd - oifigearan

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh bheachdan air plana leantainneach na buidhne agus chaidh deasbad a chumail.
- 6.2 Bha aithne ann gu feum am buidheann 1) daoine a chur an dreuchd gu h-eadar-amail agus gu luath nuair a thèid dreuchdan cudromach bàn gu h-obann; 2) a bhith ag ullachadh luchd-obrach shònraichte airson seasamh suas gu na dreuchdan as àirde nuair a tha feum; agus 3) a bhith comasach gluasad gu sgiobalta agus gu misneachail gu pròiseas fastaidh fad-ùine nuair a thuiteas dreuchdan sònraichte bàn, me an AO agus bha an dreuchd Plana an cois ag amas air sin uile.
- 6.3 Chaidh innse gu bheil siostaman HR agus dèanadais ùr aig a' bhuidheann a bhios a' cuideachadh le bhith a' cumail sùil air rianachd dàta. Tha manaidsearan a-nis a' coinneachadh ri luchd-obrach gu mìosail agus san fharsaingeachd bidh dàta nas fheàrr agus nas cunbhalach ri fhaighinn bho seo a-mach.
- 6.4 Chaidh innse gu bheileas air aona choinneamh a chumail le buidheann a bhios a' coimhead ri bhith a' fastadh luchd-obrach.
- 6.5 Chaidh ceist a chur am b' fhiach smaoinichadh air Ceannard Dhaonna/Ghoireasan a chur an sàs, 's docha mar phàirt de obair làitheil neach laithreachd, le aithne gu bheil cus obair an seo airson an AO a dhèanamh.
- 6.6 Bha aithne ann gur e cuspair air leth cudromach a bha seo agus gur e toiseachd tòiseachaidh uabhasach math a bha sa phàipear airson deasbad a bhrosnachadh air là ro-innleachd a' Bhùird air 9/11/23.
- 6.7 **Co-dhùnadh:** thèid beachdachadh air na cuspairean gu h-àrd aig seisean Ro-innleachd a' Bhùird air 9/11/23.
- 6.8 **Gnìomh:** thig pàipear chun Bhùird le roghainnean. (DC)

7. Horizon scan - Teicneòlas agus na Meadhanan

- 7.1 Aig a' Chomataidh mu dheireadh chaidh seisean a chumail air:
Which digital media / technology advances have the potential to provide breakthrough practical benefits to the revitalisation of Gaelic in the next 10 years? And what could Gaelic media providers do now to help make that happen?
- 7.2 Airson a thoirt chun na h-ath ìre, bha pàipear air beulaibh bhall a' moladh seisean poblach a chumail aig oifisean Ofcom air cuspair "AI agus na Meadhanan Gàidhlig".
- 7.3 B' iad amasan sa phàipear: 1) suidhich MG ALBA mar bhuidheann a tha a' coimhead ris an àm ri teachd agus air stiùireadh smaoinichaidh; 2) cuir taic ris a' Phlana Nàiseanta Ghàidhlig le

bhith a' toirt seachad frèam de dheasbad, de phlanadh agus co-obrachadh ann an raon AI agus meadhanan; 3) thoir seachad ùrlar airson stiùirichean smaoineachaidh ùra airson na Gàidhlig; 4) roinn eòlas gus cur às do dhùblachadh ann an obair agus goireasan agus 5) rannsaich cothroman, mapadh agus fosgail lìonraidhean, a' lorg slighean air adhart.

7.4 Bho thaobh riaghalachas, bu chòir a bhith a' brosnachadh còmhraidh mu bheusalachd (ethics).

7.5 Bha an AO agus SS dol a dh'fhaighinn taisbeanadh mu riaghalachas agus poileasaidh AI bho eòlaichean sna làithean air thoiseachd.

7.6 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte mu na prionnsabalan air am beulaibh.

7.7 **Gnìomh:** 1) thèid an fhilm a chaidh a chruthachadh le AI a cho-roinn le buill na Comataidh (SS); 2) thig pàipear chun Bhùird air 30/11/23 (DC); 3) thèid bruidhinn ri Ofcom mun t-àite san oifis aca a ghlèidheadh. (MAMI)

8. Sealladh ùr air Prìomh Chomharran Dèanadais (KPlan)

8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air siostam aithris na buidhne, a' beachdachadh air cuid de leasachaidhean a dh'fhaodadh a bhith air an cur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gu bheil an siostam iomchaidh san àm ri teachd.

8.2 Chaidh iarraidh KPI a bharrachd a chuir ris mu ghnòthaichean eacaonmach agus an taic a thathas a' toirt seachad le trèanadh.

8.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.

8.4 **Gnìomh:** thèid gluasad air adhart le seo eadar seo agus Màrt 2024 nuair a bhios siostam ùraichte ann airson 2024/25. (DMD)

9. Didseatach

Luchd-amais

9.1 Thug LA iomradh labhairteach air na h-amasan aice airson an ùine air thoiseachd.

9.2 Le aithne gu bheil an sgioba air a dhol tro thòrr atharrachaidhean sna sia mìosan mu dheireadh, bheir e ùine èifeachdasan a lorg taobh a-staigh nan sgiobaidhean agus anailis a dhèanamh air uireasbhaidhean ann an sgilean agus mar as fheàrr a thèid goireasan a chur an sàs.

9.3 Chaidh innse mu amasan ro-innleachdail a bha fainear agus chaidh faighneachd ciamar a b' urrainn a' Chomataidh no am Bòrd cuideachadh leotha seo. Chaidh a ràdh gun cuideachadh an tuilleadh tobraichean airgid, taobh a-muigh a' mhaoineachaidh àbhaisteach, le cùisean didseatach.

- 9.4 Bha aithne cuideachd ann air cudromachd beàrnan sgilean agus trèanadh, gu h-àraidh ann an gnothaichean didseatach agus AI.
- 9.5 Dh'iarr LA gum biodh i an làthair aig a' Chomataidh gu cunbhalach.
- 9.6 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte.

Comas Didseatach na buidhne

- 9.7 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh a thaobh planaichean na buidhne a bhith uidheamaichte airson a bhith a' stòradh, a' clàradh, a' rannsachadh agus a' cleachdadh gu h-èifeachdach dàta agus na faidhlichean mòra didseatach.
- 9.8 Le dreuchdan Ceannard Ùr-ghnàthachais agus Anailiseachd agus Manaidsear So-mhaoin Dhidseatach air a chur an dreuchd tha planaichean gan leasachadh agus bha dà aithisg air beulaibh bhall airson an comharrachadh.
- 9.9 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaichte.

10. GISBE

- 10.1 Chaidh innse gun deach Bile nam Meadhanan ainmeachadh ann an Òraid a' Rìgh agus thèid an tuilleadh fhaighinn a-mach agus a cho-roinn air buill a' Bhùird.

11. Deit na h-ath choinneimh – tbc

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: